

# Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid

## Rianan Togail Luath-sheirbheis Measaidh airson Barantasan Togail do dh'Iarrtasan Beaga



Thèid riaghailtean COVID ath-sgrùdadh gu cunbhalach a-rèir stiùireadh Raighaltas na h-Alba airson am mòr-shluagh agus an luchd-obrach a dhìon.

Tha an nòta stiùiridh seo na stiùireadh farsaing air an Luath-sheirbheis Measaidh airson Planaichean. Mura h-eil sibh cinnteach no ma tha tuilleadh cuideachaidh a dhìth oirbh, cuiribh fios gu luchd-obrach nan Rianan Togail san [oifis sqireil](#) as fhaisge oirbh, agus bidh iad sin ro dheònach ur cuideachadh.

### RO-RÀDH

Leis an Luath-sheirbheis Measaidh airson Bharantasan Togail, faodar cuid a leasachaidhean/obraichean a mheasadh aig an àm feuch a bheil iad a' cumail ri Riaghailtean Togail (Alba) 2004 agus na [Leabhraichean Theicnigeach](#) a tha co-cheangailte riutha. Leis an t-seirbheis seo, faodar cead a thoirt seachad gu luath gus an urrainnear tòiseachadh air an obair.

### IOMCHADHEACHD

Bu chòir gum bi an tuairmse air cosgais nas lugha na £5,000 agus gum bi e airson obair, den leithid a leanas, a dh'fheumas cead tro Bharantas Togail:-

- a' togail balla gàraidh no feansaichean timcheall taigh-còmhnaidh;
- a' cur a-staigh dorsan patio/Frangach ann an taigh-còmhnaidh;
- a' cur a-staigh uinneagan-mullaich/uinneagan;
- leasachaidhean beaga air cumadh taigh-còmhnaidh; NÒTA: tha cuid a dh'obraichean ann nach fheum cead. Thèid iad sin a chomharrachadh sa mheasadh.
- leasachaidhean beaga air toglaichean nach eil nan dachaigh.

Bu chòir cuimhneachadh gur e Neach-tomhais Roinn nan Rianan Togail, a bhios a' tomhas ma tha no nach eil an t-iarrrtas iomchaidh airson na Luath-sheirbheis Measaidh airson Planaichean.

## MAR A THÈID SIBH AN SÀS ANN

Gus dol an sàs san sgeama seo, feumaidh sibh:-

- coinneamh a chur air dòigh le Neach-tomhais Roinn nan Rianan Togail san sgìre agaibh; gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh aig deireadh an nòta stiùiridh seo;
- thoiribh na sgrìobhainnean is planaichean a leanas leibh chun na coinneimh:-
  - [foirm-iarrtais](#) air a lìonadh agus air a shoidhnigeadh;
  - lethbhreacan de na dealbhan iomchaidh agus plana-làraich. Bu chòir don dealbh a bhith mionaideach gu leòr gus an urrainn do Neach-tomhais Roinn nan Rianan Togail measadh a dhèanamh. NÒTA: Tha a h-uile teans ann, mar as trice, nach bi dealbhan a nì cuideigin aig nach eil eòlas air a bhith dèanamh dhealbhan airson Barantas Togail iomchaidh;
  - seach gu bheil an sgeama seo a' buntainn ri obair a thathar a' tomhas a chosgais nas lugha na £5,000, bidh cìs iarrtais £150 ann.

## AIG A' CHOINNEIMH AGAIBH

- Innsidh sibh do Neach-tomhais Roinn nan Rianan Togail dè seòrsa cead' a tha sibh a' sireadh.
- Nì Neach-tomhais Roinn nan Rianan Togail measadh air an iarrtas agaibh feuch a bheil e a' cumail ris na Riaghailtean Togail.
- Bheir Neach-tomhais Roinn nan Rianan Togail fa-near do nì sam bith, ma tha gin ann, nach eil ceadachd.
- Math dh'fhaodte gum bi e comasach dhuibh na dealbhan atharrachadh aig a' choinneimh fhèin gus cumail ris na riaghailtean.
- Aon uair 's gun aontaich an Neach-tomhais gu bheil an t-iarrtas agaibh riaghailteach agus gu bheil na sgrìobhainnean, planaichean msaa uile aig an ìre cheart, cuiridh iad air adhart iad airson pròiseasadh.
- Air neo, faodaidh sibh na dealbhan agaibh a thoirt leibh airson atharrachadh mar as iomchaidh. Faodaidh sibh an uair sin an cur a-staigh airson aonta a-rithist.

## AONTA

Aon uair 's gun tèid aontachadh ris an iarrtas agaibh, thèid na sgrìobhainnean mun cho-dhùnadh a chruthachadh agus an cur thugaibh.

Sa phasgan mun Bharantas Togail gheibhear nòtaichean stiùiridh a bu chòir dhuibh a leughadh gus dèanamh cinnteach gun lean sibh na pròiseasan iomchaidh.

### MUS TÒISICH AN OBAIR

Bu chòir dhuibh an sgrìobhainn leis a' cheann-latha tòiseachaidh, a gheibh sibh le pasgan a' Bharantais Togail, a lìonadh agus a thilleadh thugainn. Seach gur e leasachaidhean beaga a tha fa-near dhuibh, chan eil e buailteach gun tadhail sinn gus sgrùdadh eadar-amail a dhèanamh. Mura h-eil sibh cinnteach mu phàirt sam bith den obair a tha ga dèanamh, no ma tha sibh airson an t-iarrrtas agaibh atharrachadh, cuiribh fios gu Neach-tomhais Roinn nan Rianan Togail.

### NUAIR A BHIOS AN OBAIR DEISEIL

Nuair a bhios an obair deiseil a rèir nan dealbhan a chaidh aontachadh, bu chòir dhuibh na sgrìobhainnean iomchaidh a lìonadh agus an [Teisteanas Crìochnachaidh](#) a chur a-steach. Aon uair 's gum faigh sinn an Teisteanas Crìochnachaidh, tadhlaidh sinn air an togalach gus faicinn a bheil an obair a rinneadh a rèir nan dealbhan aontaichte agus Rianan Teicnigeach.

Mura h-eil:-

- bheir sinn dhuibh liosta de nithean a dh'fheumas sibh a chur ceart;
- bu chòir dhuibh dèiligeadh ris na nithean sin agus an [Teisteanas Crìochnachaidh](#) a chur a-steach a-rithist.

Ma chaidh an obair a dhèanamh a rèir nan dealbhan aontaichte, nì sinn ar dìcheall gus aonta ri Teisteanas Crìochnachaidh a chur thugaibh taobh a-staigh trì latha bho thadhail sinn air an làrach.

Chan eil aonta ri Teisteanas Crìochnachaidh a' toirt gealltanais sam bith dhuibh a thaobh cho math 's a bha an obair.

Tha an “Sgrìobhainn Aonta” seo cudromach, agus math dh’fhaodte gun iarr daoine e ma tha sibh am beachd an togalach a reic no airson gnòthach ionmhasail eile co-cheangailte ris, agus bu chòir a chumail tèarainte.

## BÒD AGUS COMHAL

Ellis Lodge, 5 Rathad Earra Ghàidheal, Dùn Omhain, PA23 8ES  
Taigh Eaglesham, Rathad Mount Pleasant, Baile Bhòid, PA20 9HQ  
Post-d: [buildingstandards.bandc@argyll-bute.gov.uk](mailto:buildingstandards.bandc@argyll-bute.gov.uk)

## BAILE EILIDH IS SGÌRE LAOMAINN

Bhaile Eilidh is Laomainn, 38 Sràid Chluaidh an Ear, Baile Eilidh, G84 7PG  
Post-d: [buildingstandards.handl@argyll-bute.gov.uk](mailto:buildingstandards.handl@argyll-bute.gov.uk)

## MEADHAN EARRA-GHÀIDHEAL, CINN TÌRE IS ÌLE

1A Bruthach a’ Mhansa, Ceann Loch Gilb, PA30 8RD  
Post-d: [buildingstandards.maki@argyll-bute.gov.uk](mailto:buildingstandards.maki@argyll-bute.gov.uk)

## AN T-ÒBAN, LATHARNA IS NA H-EILEANAN

Toglaichean Municipal, Sràid Albany, An t-Òban, PA34 4AW  
Post-d: [buildingstandards.olandl@argyll-bute.gov.uk](mailto:buildingstandards.olandl@argyll-bute.gov.uk)

**Gus bruidhinn ri Rianan Togail air a’ fòn:  
cuiribh fòn chun an Ionaid Seirbheis  
Luchd-cleachdaidh air 01546 605518**

